

22 An Lùnastal 2023

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Sa Chèitean 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Bun-sgoil Inbhir Pheofharain. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Chaidh Bun-sgoil Inbhir Pheofharain a sgrùdadh le Coimisean a' Chùraim sna 18 mìosan a chaidh seachad. Mar sin, tha sinn air aontachadh leis an ùghdarras ionadail agus an sgoil nach eil an clas sgoil-àraich mar phàirt den sgrùdadh seo.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Thar na sgoile tha a' chlann càirdeil agus misneachail agus pròiseil mu na coileanaidhean aca. Tha iad a' faighinn buannachd bho na càirdeasan air leth deimhinneach agus modh-obrach coibhneil an luchd-obrach.
- Bidh àrd-cheannardan agus luchd-obrach a' leasachadh chàirdeasan làidir gus taic a thoirt do chothroman nas meudaichte do chlann a bhith a' com-pàirteachadh ann am fèin-fhiosrachaidhean nas fharsainge sa choimhearsnachd ionadail. Bidh luchd-obrach ag obair gu h-èifeachdach le na com-pàirtichean aca gus ionnsachadh na cloinne a bheirteachadh thar raon de cho-theacsan.
- Bidh a' chlann air fad ag ionnsachadh na Gàidhlig, tro bhogadh no mar chànan a bharrachd ann an clasaichean air an teagasg tro mheadhan na Beurla. Tha an luchd-obrach sgileil mu bhith a' cleachdadh modhan-obrach bogaidh. Tha an ceannard-sgoile an gnìomh agus an luchd-obrach air ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh ann an coimhearsnachd Inbhir Pheofharain tro chom-pàirteachasan èifeachdach agus cheanglaichean eadar-ghinealach.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Bu chòir do na h-àrd-cheannardan agus do na tidsearan leantainn orra a' leasachadh càileachd an ionnsachaidh, an teagaisg agus a' mheasaidh. Nì seo cinnteach gum bi an t-ionnsachadh beòthail agus dùbhlach ann an dòigh iomchaidh thar nan clasaichean air fad agus a' coinneachadh ri feumalachdan na cloinne air fad. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh e comasach don chloinn adhartas a dhèanamh aig astar nas luaithe.
- Bu chòir dhan sgioba àrd-cheannardais agus an luchd-obrach leantainn orra ag àrdachadh coileanadh ann an litearras agus àireamhachd.
- Leantainn air adhart a' fighe a-steach agus a' fàs na Gàidhlig, bogadh agus cultar sa churraicealam gus am faigh gach neach-ionnsachaidh air an làn chomas a choileanadh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh comharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? An 4mh eagraan](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a thoirt seachad air dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumar a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil Inbhir Pheofharain

Comharran càileachd	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? An 4mh eagraan	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, ris an canar Geàrr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:
<https://education.gov.scot/inspection-and-review/find-an-inspection-report/find-an-inspection-report/details?id=2352>

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Gillian Whitford
Neach-sgrùdaidh an Rìgh